

# Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

## Eilean nan Ròn (1)

*Each week the West Highland Free Press publishes the text for Ruairidh's "Letter to Gaelic Learners" on BBC Radio nan Gàidheal (103.5-105 FM). Broadcasts are as follows: 2:55pm on Sunday as part of BBC Radio nan Gàidheal's hour-long learning zone, following the Gaelic Learners' programme 'SpeakGaelic Extra', with a repeat at 10.30 pm on Wednesday. This is Litir 1,248. There is also a simpler version – An Litir Bheag – which is broadcast at 2:30pm each Sunday. Litir Bheag 944 corresponds to Litir 1,248. The Litir is also available at [www.bbc.co.uk/litir](http://www.bbc.co.uk/litir) and [www.learn Gaelic.scot/litir](http://www.learn Gaelic.scot/litir). Ruairidh can be contacted at [fios@learn Gaelic.scot](mailto:fios@learn Gaelic.scot).*

Bho àm gu àm bidh mi a' ruith chùrsaichean anns am bi sinn a' toirt sùil air mapaichean na Gàidhealtachd. Bidh na h-oileanaich a' faighinn tuigse air briathrachas na Gàidhlig agus air structar ainmean-àite. Faisg air deireadh a' chùrsa, airson dearbhadh mar a tha an t-eòlas ac' air fàs, bidh mi ag iarraidh air na h-oileanaich eilean mac-meanmnach a chruthachadh. Bidh iad a' cur ainmean-àite Gàidhlig air.

Bidh mi cuideachd ag iarraidh orra ainm a chruthachadh airson an eilein fhèin. Tha e iongantach cho tric 's a bhios iad a' gabhail 'Eilean nan Ròn' air. 'S dòcha **nach bu chòir dha sin a bhith na iongnadh**. Tha ròin gu math cumanta timcheall eileanan, co-dhiù eileanan mara.

'S dòcha gu bheil e a cheart cho iongantach cho gann 's a tha a leithid de dh'ainm ann an dha-rìribh. Tha Loch nan Ròn ann, Àird nan Ròn, Rubha nan Ròn, Sgeir nan Ròn is mar sin air adhart. Ach 's aithne dhomh dìreach dà eilean air a bheil 'Eilean nan Ròn' mar ainm. Tha fear dhiubh beag bìodach. Tha e faisg air Eilean Orasa, làimh ri Colbhasa, ann an Earra-Ghàidheal.

Tha am fear eile ann am fìor cheann a tuath na h-Alba, ann an Dùthaich MhicAoidh. Tha e aig beul Caolas Thunga. Bha sluagh uaireigin a' fuireach ann. Anns na tritheadan dhen linn a dh'fhalbh, bha sia croitean ann, agus sgoil. Air a' chiad mhapa sia-òirlich aig an t-Suirbhidh Òrdanais, tha **sia togalaichean deug** le mullaichean orra.

Ann an ochd ceud deug, ochdad 's a h-aon (1881), bha seachdad 's a trì daoine a' fuireach ann. Ach, mar a thachair ann am mòran eileanan iomallach eile, dh'fhalbh na daoine anns na tritheadan. Dh'fhàg iad Eilean nan Ròn ann an naoi ceud deug, trithead 's a h-ochd (1938). A rèir aon aithris, bha naoinear air an liosta de dhaoine a dh'fhalbh an uair sin. Bhuineadh iad uile do Chloinn 'ic Aoidh.

Tha fear de na h-eileanaich, Dòmhnall MacAoidh, a' bruidhinn mun eilean air Tobar an Dualchais. Nuair a bha e òg, tràth san fhicheadamh linn, bha ochdad duine a' fuireach ann. Bha iasgach an sgadain gu math mòr. Bhiodh na fir òga a' dol fad air falbh airson an sgadain. Anns a' gheamhradh bhiodh iad ri iasgach a' ghiomaich anns an sgìre aca fhèin.

Bha Dòmhnall dhen bheachd gun robh sluagh a' fuireach anns an eilean ro na fuadaichean. Bha na mnathan aca à diofar àiteachan air a' chosta mu thuath. Bha feadhainn dhiubh à Arcaibh. Dh'ionnsaich iadsan Gàidhlig oir 's e Gàidhlig a bh' aig

na h-eileanaich mar chanan coimhearsnachd. Ge-tà, bha foghlam na sgoile, no a' chuid a bu mhotha dheth, ann am Beurla. Ged a bha Dòmhnall fhèin comasach air Gàidhlig a leughadh, cha do dh'ionnsaich e sin anns an sgoil.

Tha meadhan an eilein, far an robh am baile, rudeigin torrach. Bhathar a' fàs eòrna is coirce is peasair ann. Bha, agus buntàta is càl. Bha Dòmhnall MacAoidh dhen bheachd, ged a rachadh tu air feadh an t-saoghail, nach fhaigheadh tu càl na b' fheàrr na bh' aca ann an Eilean nan Ròn.

Bha cuimhne aig Dòmhnall air sealg nan ròn nuair a bha e òg. Ach cha b' ann airson feòil a bha na h-eileanaich gan sealg. Innsidh mi tuilleadh dhuibh mu dheidhinn sin an-ath-sheachdain.

\* \* \* \* \*

**Faclan na Litreach:** oileanaich: *students*; beag bìodach: *very small*; Eilean Orasa: *Oronsay*; làimh ri: *close to*; Colbhasa: *Colonsay*; Earra-Ghàidheal: *Argyll*; Dùthaich MhicAoidh: *The Mackay Country*; fuadaichean: *clearances*; Arcaibh: *Orkney*; torrach: *fertile*.

**Abairtean na Litreach:** Bho àm gu àm bidh mi a' ruith chùrsaichean: *from time to time I run courses*; tuigse air briathrachas na Gàidhlig agus air structar ainmean-àite: *an understanding of Gaelic vocabulary and the structure of place-names*; airson dearbhadh mar a tha an t-eòlas ac' air fàs: *to demonstrate how their knowledge has increased*; bidh mi ag iarraidh air na h-oileanach eilean mac-meanmnach a chruthachadh: *I ask the students to create an imaginary island*; tha e iongantach cho tric 's a bhios iad a' gabhail 'Eilean nan Ròn' air: *it's amazing how often they call it 'the island of the seals'*; cumanta timcheall air cladaichean eileanan, co-dhiù eileanan mara: *common on island shores, at least maritime islands*; 's dòcha gu bheil e a cheart cho iongantach: *perhaps it's just as surprising*; cho gann 's a tha a leithid de dh'ainm ann an dha-rìribh: *how uncommon such names are in reality*; 's aithne dhomh: *I know [of]*; beul Caolas Thunga: *the mouth of the Kyle of Tongue*; na tritheadan dhen linn a dh'fhalbh: *the 1930s*; bhuineadh iad uile do Chloinn 'ic Aoidh: *they were all Mackays*; iasgach an sgadain: *the herring fishing*; iasgach a' ghiomaich: *the lobster fishing*; bhathar a' fàs eòrna is coirce is peasair ann. Bha, agus buntàta is càl: *barley, oats and peas were grown there. As were potatoes and cabbage*; cha b' ann airson feòil a bha na h-eileanaich gan sealg: *it wasn't for meat that the islanders were hunting them*.

**Puing-chànain na Litreach:** sia togalaichean deug: *sixteen buildings*. *This is the traditional way of counting objects in the teens. There is a tendency today for school-based learners to learn to count the teens first and then add in nouns so you might hear 'sia-deug togalaichean'. This is still frowned upon by many native speakers who would place the noun before 'deug'. You might, however hear 'sia-deug de thogalaichean'. Here are some other examples: ceithir leabhraichean deug 'fourteen books'; ochd cluicheadairean deug 'eighteen players'; trì taighean deug 'thirteen houses'.*

**Gnàthas-cainnt na Litreach:** 'S dòcha nach bu chòir dha sin a bhith na iongnadh: *perhaps that shouldn't be a surprise*.

Tha "Litir do Luchd-ionnsachaidh" air a maoinachadh le MG ALBA